



# **Co-fharpais ChLAS**

## **2017**

# **Buannaichean**

Luchd-ionnsachaidh  
A' Chiad Duais  
Emily Forsyth  
AS3  
Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis

### Mise!

Hai, is mise Emily Forsyth. Tha mi còig-deug bliadhna a dh'aois. Rugadh mi anns a' Mhàrt. Tha falt fada donn orm agus tha suilean donna agam. Tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis. Tha Inbhir Nis mòr, trang agus snog. Nam bheachd, tha Inbhir Nis breàgha agus tha Alba breàgha.

'S e Ian an t-ainm a th' air m' athair. Tha m' athair èibhinn agus àrd. Tha falt goirid bàn air m' athair agus tha suilean gòrma aige. Is toigh leis geàm coimputairean agus cèic seòclaid. Cha toigh leis ball-coise no cofaidh.

'S e Caroline an t-ainm a th' air mo mhathair. Tha mo mhàthair laghach agus beag. Tha falt fada donn air mo mhàthair agus tha sùilean uaine aice. Tha speuclarean air mo mhàthair. Is toigh leatha leughadh agus sgriobhadh. Cha toigh leatha spèileadh no tì.

'S e Craig an t-ainm a th' air mo bhràthair. Tha mo bhràthair caol agus èibhinn. Tha falt goirid donn air Craig agus tha sùilean donna aige. Is toigh leis coimhead fiadh-bheathaichean agus a' dèanamh dealbhan. Cha toigh leis spòrs agus snàmh.

Is toigh leam bèicearachd le mo sheanmhair agus mo mhàthair. Tha bèicearachd a' còrdadh rium. Tha càcaireachd a' còrdadh rium cuideachd. Is toigh leam leughadh agus sgriobhadh. Is fior thoigh leam a *Discovery of Witches trilogy*, *The School for Good and Evil trilogy* agus *Throne of Glass*. Tha bruidhinn ri mo charaidean a' còrdadh rium.

Tha dà choineanach agam. 'S e Oreo agus Twilight an t-ainm a th' orra. Tha Oreo glas agus geal agus tha Twilight dubh agus geal. Tha iad còig bliadhna a dh'aois. Tha mo pheataichean

breàgha, càirdeil agus uabhsach snog. Tha Twilight leisg agus laghach ach tha Oreo laghach agus modhail. Tha Oreo agus Twilight uabhsach gòrach. Is fìor thoigh leam Oreo agus Twilight! Anns an sgoil, is fìor thoigh leam Gàidhlig, Eaconamas Dachaigh agus Eachdraidh.

Tha Gàidhlig, Eaconamas Dachaigh agus Eachdraidh sgoinneil, inntinneach agus furasta. Is toigh leam Nuadh-eòlas, Beurla agus Ealain. Tha Nuadh-eòlas, Beurla agus Ealain math agus inntinneach. Cha toigh leam Matamataig.

Sin mise agus mo bheatha!

Luchd-ionnsachaidh  
An Dàrna Duais  
Emma Cairistìona Nic an t-Saoir  
AS1  
Sgoil Lionacleit

### Mise

Is mise Emma Cairistìona Nic an t-Saoir agus tha mi dhà-dheug. Tha mi a' fuireach ann an Loch Baghasdail ann an Uibhist a Deas. Is toigh leam Loch Baghasdail. Tha i brèagha agus chan eil e trang.

Tha triùir pheathraichean agam. 'S e Paula, Shona agus Sorcha a th' air mo pheathraichean. Is toigh leam Paula oir tha i gòrach. Is toigh leam Shona oir tha i laghach agus is toigh leam Sorcha oir tha i leisg. Tha mo mhàthair ag obair ann an Sgoil Dhalabrog. Tha m' athair ag obair ann an taigh-òsta Loch Baghasdail. Tha m' uncail ag obair aig Uisge na h-Alba.

Bha cù agam. 'S e Peppa an t-ainm a bha air mo chù. Bha Peppa càirdeil agus leisg.

Is toigh leam Beurla, Gàidhlig agus Saidheans. Tha Beurla spòrsail, tha an tidsear Gàidhlig cuideachail agus tha Saidheans inntinneach. Cha toigh leam Teicniceachd, Gearmailtis agus Spòrs. Cha d' fhiach Teicniceachd, tha Gearmailtis doirbh agus tha Spòrs uabhasach dona.

Is toigh leam ùbhlann; tha iad fallain agus tha is toigh leam orainsearan; tha iad blasta. Cha toigh leam briosgaidean; tha iad milis agus cha toigh leam càl oir tha e grod.

Is toigh leam ball-basgaid agus iasgach. Cha toigh leam snàmh, ruith agus dannsa.

Tha ball-basgaid math gu leòr agus tha iasgach uabhasach math. Tha snàmh doirbh. Cha d' fhiach dannsa agus tha ruith uabhasach dona.

Luchd-ionnsachaidh  
An Treas Duais  
Lauren Hallas  
AS2  
Àrd-sgoil Phort Rìgh

### **Mise**

Is mise Lauren Hallas. Tha mi ceithir-deug. Tha mo cho-là-breith air an 12mh den Mhàrt. Tha mi a' fuireach ann am Port Rìgh san Eilean Sgitheanach. Tha e beag agus snog.

Anns an sgoil, is toigh leam Beurla, Fraingis agus Matamataig oir tha iad inntinneach agus furasta. Cha toigh leam Nuadh-eòlas agus Creideamh. Tha Nuadh-eòlas caran tioram agus tha cus obair-dachaigh ann an Creideamh nam bheachd. 'S fhìor thoigh leam a bhith ag èisteachd ri ceòl agus a bhith a' dèanamh cheerleading agus dannsa. Chan eil ball-coise a' còrdadh rium oir chan eil e inntinneach.

Is toigh leam sùgh orainseir agus bainne. Cha toigh leam deochan teth mar tì no cofaidh. 'S fhìor thoigh leam coiridh agus chan eil macarònaidh càise dona nam bheachd. Is toigh leam aodach fasanta.

Tha bràthair agus dà leas-phiuthair agam. Is iadsan Bailey, Eva agus Mya. Tha Bailey còig-deug. Tha e caol agus gòrach. Tha Eva sia, tha i caol, modhail agus goirid. Tha Mya ceithir. Tha i caol, modhail agus goirid. Tha Mya ceithir. Tha i caol is càirdeil agus modhail. Tha dà chù agam, Becky agus Poppy. Tha earbaill fada orra. Tha iad beag, dubh agus geal.

Fileantaich  
A' Chiad Duais  
Rory Cormack  
Acadamaidh Inbhir Pheofharain

### Air Oir na Fèise

‘S e Dùn Èideann aig àm na Fèise an t-àite as fheàrr leam air an t-saoghal nam bharail.

Tha rudeigin, tarraingeach, tlachdmhor ann mu bhith a' coiseachd suas stràidean a' bhaile as fheàrr ann am Breatainn, 's dòcha san t-saoghal, is a' faicinn na tha dol air adhart. Bidh tòrr mòr dhaoine a' coiseachd mun cuairt gu toilichte is a cabadaich ann an iomadh diofar chànan fhad 's a tha iad a' coimhead air na diofar chluicheadairean is cleasaichean a tha air tighinn gu Dùn Èideann às gach ceàrnaidh den t-saoghal. Thall air aon taobh bidh nighean bheag a' slugadh teine is air taobh eile, bodach a' cur a-mach ann an taigh-beag mar phairt de chomadaidh shònraichte.

A h-uile àite a choimheadas tu tha cuideigin a' sìneadh a-mach sanas airson cuirm-chluich air choireigin bho 'A Cappella' gu 'Romeo and Juliet'. Bidh fàileadh blasta an-còmhnaidh san àile bho bhiadh nan stàilean eadar-dhealaichte. 'S urrainn dhut dad sam bith a tha thu ag iarraidh fhaighinn leithid rudeigin simplidh ach math mar iasg is tiops no rudeigin nas leomaich, sushi no seilcheagan!!

Tha a bhith dìreach a' coiseachd mun cuairt gu math inntinneach is spòrsail ach is fior thoigh leam a bhith a' dol gu na cuirmean aig na h-ionadan diofraichte. 'S e an fhèis an t-àite leis a' chomadaidh as èibhinne a tha mi air fhaicinn ariamh. Na dealbhan-cluiche nas fhaireachdainneil san dùthaich agus ceòl air leth.

Beagan sheachdainean ri dhol gus an urrainn dhomh falbh  
sìos a-rithist agus gu dearbha chan e ruith ach leum a bhios  
ann.

Fileantaich  
An Dàrna Duais  
Maryann Nic a' Phearsain  
AS2  
Àrd-sgoil Àird nam Murchan

## Fòn-Làimhe; Cò Ris A Bhiodh Beatha Coltach As Aonais?

‘S e latha deàrrsach, ciùin a bh’ ann nuair a bhrist mo phiuthar Seasaidh a fòn-làimhe. Bha i a’ ruith às dèidh ar bràthair Seoc nuair a bha i feargach! Carson? Uill bha am fòn aice aigesan agus bha i mar tarbh a’ faicinn dearg nuair a fhuair i a-mach! Bha e mar cartùn air a dhol ceàrr. Ach cha robh e cho èibhinn nuair a bha Seoc a’ tuiteam agus am fòn air an làr briste!

Ruith Seoc air falbh cho luath ’s a b’ urrainn dha a dhol, na casan beaga aige a’ dol a-mach à fòcas.

Choimhead mi air Seasaidh agus bha i a` caoineadh uiread de dh’uisge ri Loch Seile. Is mise Floraidh agus ‘s i seo a’ phiuthar mhòr agam Seasaidh, tha mise dìreach ceithir-deug agus tha Seasaidh a’ dol a bhith sia-deug ach cha bhiodh tu smaointinn sin nuair a bha i na suidhe an-sin a’ caoineadh mu dhedhinn fòn mar cuideigin a tha dà bhliadhna a dh’aois!

‘S dòcha gur e an rud as fheàrr gu bheil am fòn briste oir bha i oirre a h-uile mionaid; anns an leabaidh, anns an taigh, sa phàirc agus fiù ’s anns an taigh bheag!

Sssssh! Na bi ag innse sin gu duine sam bith no bidh mise a` leum a-mach às mo chraiceann leis an eagal mar nathair air sgàth ’s cha robh thu a’ faireachdainn rud sam bith mar na buillean bho na làmhan aice.

Choisich sinn air ais dhan taigh a bha mu dheich mionaidean air falbh bhon phàirc. Chunnaic sinn ar màthair agus bha sinn ag innse dhi mu dheidhinn na fòn. Bha i caran crosta. Thuirt i gun robh i duilich ach nach faodadh Seasaidh fòn eile gu a co-latha-breith!

Bha Seasaidh gu math feargach nuair a chuala i seo ach bha fhios aice nach robh airgead gu leòr againn airson fòn ùr. Ciamar a bhiodh Seasaidh beò as aonais na fòn-laimhe ? Chan eil fhios agamsa.

Bha na làithean a' dol seachad mar mìosan agus cha robh fòn aig Seasaidh. Ach bha i fhathast beò agus bha i nas laghaiche rinn uile. Nuair a bha an co-latha-breith aice a' tighinn, fhuair i fòn-làimhe ùr ach cha robh i ga h-iarraidh agus bha i ga toirt thugamsa!

Ach a-nis chan urrainn dhomhsa a bhith beò as a h-aonais!

Fileantaich  
An Treas Duais  
Hamish MacLellan  
AS1  
Sgoil Lionacleit

### **An t-àite as fheàrr air an t-saoghal**

'S e pàirc ball-coise an t-àite as fheàrr leam air an t-saoghal. Fear sam bith. Tha pàircean ball-coise sean leòr cuimhneachain sgoinneil ann, agus feadhainn ùra le lìon agus feur nas fheàrr. Air pàircaichean mòra tha ball-coise a' ceangal tòrr dhaoine àbhaisteach ri chèile airson sgioba mòr, mòr airson naochad mionaid de dh'aon geama mìorbhaileach.

Agus tha sin dìreach nuair a tha thu a' dol gu pàirc ball-coise airson coimhead air geama. Ach tha e nas fheàrr buileach nuair a tha thu a' cluich air pàirc ball-coise. Nuair a tha mi a' coiseachd air a' phàirc, tha mi a' smaointinn air dè tha cluicheadairean ainmeil a' smaointinn aig an àm seo; na cluicheadairean as fheàrr san t-saoghal mar Messi. No 's dòcha daoine uabhasach òg a' cluich a' chiad gheama aca – dè bhiod iadsan a' smaointinn? No 's dòcha cluicheadair math a' cluich a' chiad gheama aca airson sgioba ùr mar Bernardo Silva. Dè bhios iadsan a' smaointinn mu dheidhinn?

Co-dhiù, an uair sin tha an geama a' tòiseachadh agus anns na ciad bheagan mhionaidean bidh mi feuchainn ri tòrr bhreaban den bhall fhaighinn is faighinn cleachdte ris a' bhall agus am feur. A' smaointinn dìreach air a' gheama agus dè dh'fheumas mi a dhèanamh. An uair sin a' faighinn cothrom mòr agus brag...tha am ball san lìon! An luchd-taic ag èigheachd agus a h-uile duine san sgioba a' ruith le toileachas!

Agus 's e amannan mar seo a tha a' dèanamh pàircean ball-coise cho sònraichte. A' toirt a h-uile duine còmhla mar seo ann

an droch amannan agus ann an amannan math. Aig àm sam bith faodaidh tu dìreach a dhol gu geama ball-coise agus bidh e gad fhàgail toilichte. Chan eil àite sam bith anns an t-saoghal cho math ri pàirc ball-coise nuair a tha geam ann.